

NIXON. AOBHAIREAN AS LETH
AM BHEIL SINN 'S AN EAGLAIS
SHAOIR.

National Library of Scotland



B000476880

185
ccl
APS. 2 85 65

A O B H A I R E A N
AS LETH AM BHEIL SINN 'S AN EAGLAIS SHAOIR,
AGUS A' CUR ROMHAINN FANTUINN INNTE,

LEIS AN
URRAMACH UILLEAM NIXON,

MINISTEIR NA H-EAGLAIS SAOIRE ANN AM MONTRÒS.

CHA'n 'eil, cho fad 's is fiosrach sinn, Eaglais, ann am farsuingeachd na Criosduidheachd, ni 's soilleire a tha air a comharrachadh a mach 'na suidheachadh, 'n a h-aideachadh, agus 'n a h-ionad, na Eaglais Shaor na h-Alba. 'S i Eaglais Shaor na h-Alba, mar deir neach àraid, "Eaglais na h-Alba, air a deanamh Saor." Tha sinn a' coimhead uile cheud-fhàithean an Ath-leasachaidh o 'n Phàpanachd an Albainn; a' filladh ann, Ard-uachdaranachd dha-fhillte an Tighearn Iosa Criosd os ceann na h-Eaglais, agus "os ceann nan uile nithe," a' gabhail a stigh, a réir so, nan uile chinneach, as leth na h-Eaglais. Cha b' ann as leth atharrachadh a thàinig oirn 'n ar beachdaibh, ann an aon phuing 's am bith, agus gu sònruichte, cha b' ann gu 'n do thionndaidh sinn gu bhi 'n ar *Féin-thoilichibh*. Bha beachdan na Buidhne sin gu follaiseach, agus gu h-iomlan air an àicheadh le *Dr Chalmers*, mar Cheann-Suidhe Ard-Sheanaidh na h-Eaglais Saoire, 's an là 's an do dhealaich sin o 'n *Stàta*, —o cheanglaibh 's am bith a bhi eadarainn agus an Uachdaranachd aimsireil, a thaobh riaghlaidh na h-Eaglais, leis an do thruaillleadh an càirdeas sin. Na 'n robh sinn air 'fhaicinn ceart no cothromach, gabhail ri beachdaibh na Buidhne sin, roimh 'n àm sin, agus na 'n robh sinn ullamh gu bhi a' tionndadh gu bhi 'n ar *Féin-thoilich*, cha robh buaidh dhuinn, no aobhar againn, "Cathachadh nan deich bliadhna" bhi againn r' a sheasamh. Agus b' e ar suidheachadh 's ar seasamh air là an *Dealachaidh*, agus gus an là 'n diugh, a bhi saor o 'n *Fhéin-thoilichas* air an dara làimh; agus o 'n truaillidheachd do 'n ghéill an Eaglais Stéidhichte air an làimh eile. Agus tha e mar fhiachaibh oirn; agus air uile luchd-leanmhuinn na Eaglais Saoire, a tha breithneachail, tuisgeach, agus aig am bheil co-sheasmhachd dhiongmhalta eadar an aideachadh agus an caithe-beatha, gu 'n cuir iad an aghaidh, gach uil' oidhirp a dh' fheudtadh a thoirt orra, a bhi ag àicheadh an aideachaidh a rinneadh leo, no gu 'n tionndaidheadh iad chum na làimhe ch' no deis, a nis.

Tha *Mr Wilson*, aon do mhinistearibh *Dhun-deadha*, agus e air earrann a sgrìobhadh do *Fhoclair* mòr a chuireadh a mach mu aideachadh nan Eaglaisean fa leth, agus an earrann ud a' toirt iomraidh air aideachadh Eaglais Shaoire na h-Alba, ag ràdh mar so:—"Cha do chuir an Eaglais

Shaor ni nuadh 'sam bith air chois, no pong nuadh 'sam bith a thaobh creidimh. Cha do chuir i suas co-shuidheachadh nuadh 'sam bith gu h-Eaglaiseil: cha d'atharraich i aon ni a bhùineadh do a riaghailtibh aoraidh. Ghléidh i uile laghanna Eaglais na h-Alba, Leabhar Aidmheil a' Chreidimh, agus Leabhraicheannan Ceist, agus dòigh Riaghlaidh na h-Eaglais, a thaobh dhleasdanas agus chòirichean (spioradail) luchd-dreuchd; ghléidheadh iad sin gu léir, mar bha iad 's an Eaglais Stéidhichte; agus cha b' ann le reachdaibh nuadha 'sam bith a chur air chois, ach a mhàin an lorg an t-seasaimh sin 's an d'fhuair si i féin, agus 's an do cho-éignicheadh i gu seasamh. An aon fhocal, mheas an Eaglais Shaor i féin mar fhòr Eaglais na h-Alba, 'n uair dhealaich i ris an Eaglais Stéidhichte; do bhrìgh 's gu 'n d'atharraicheadh co-shuidheachadh na h-Eaglais Stéidhichte féin. Mheas an Eaglais Shaor i féin mar Eaglais an Ath-leasachaidh (o 'n Phàpanachd an Alba), an Eaglais sin, chun an ama ud, a fhuair dlòn, agus cuideachadh o 'n Uachdaranachd aimsireil, agus ris an do ghabh mòr thomad sluaigh na h-Alba. Cha do chùlaich an Eaglais Shaor aon ni a bhùineadh do Eaglais na h-Alba, ach a mhàin a' bhuanachd, agus na sochairean talmhaidh eile, a shealbhaich iad o 'n Uachdaranachd aimsireil. Agus chùlaich an Eaglais Shaor iad sin, cha b' ann do bhrìgh gu 'n d'atharraich iad am beachdan féin 's an tomhas bu lugha, gu 'n robh an ceangal sin a bha eadar an Uachdaranachd aimsireil agus Eaglais na h-Alba mi-laghail; agus cha mhò a thog iad air chor 's am bith am beachd an ceangal sin a bhi idir 'n a pheadhadh, ach a mhàin, do bhrìgh agus gu 'n d'atharraich, an Luchd-riaghlaidh aimsireil, troimh ùghdarras na Pàrlamaid, agus nan Cùirtean-Lagha, gu h-iomlan, no gu brioghmhor, na cumbachan, fo 'n robh Eaglais na h-Alba, ann an seilbh nan sochar aimsireil ud, agus 'g a cleachdamh féin." Agus ris an t-seasamh so, 's an do shuidhich an *Dealachadh* sinn, tha sinn 'g greimeachadh, mar an Eaglais Shaor, gu daingean, agus gu coguiseach, o na aobhairibh so, a leanas:

I.—*C' air son, ma ta, nach comasach dhuinn pilleadh chun na h-Eaglais Stéidhichte?*

1. Tha buill na h-Eaglais sin, air call an còrach, tre 'n lagh aimsireil, an guth bhi aca, ann an taghadh an Luchd-teagaisg féin. Feudaidh cuid dhiubh, gun teagamh, bhi neo-ullamh a chum na sochair sin a ghnàthachadh. Gidheadh, buinidh an t-sochair sin dhoibh; agus 's e an ceartas gu 'm biodh soilleireachd air a toirt dhoibh cia mar ghnàthaichteachd a' chòir sin leotha, gu cubhaidh, agus gu breitheachail.

2. Tha ùghdarras gu bhi a' roghnachadh 's a taghadh mhinistear, do choimhthionailibh, air a shuidheachadh, (leis a' *Phàtronachd*,) ann an làmhaidh dhaoine, aig nach robh riamh fìor chòir air. Cha chomasach, gu 'm builich inbhe aimsireil, no duine a bhi 'n a fhear-oighreachd thalmhaidh, còir, air ministear a roghnachadh, agus cùram anamanna (neo-bhàsmhor) a bhùileachadh air, no bhi air earbsadh ris.

3. Tha Focal Chrìosd a' toirt ùghdarras do gach ministear, gu 'n teagaisgeadh, agus gu 'n riaghladh e, ann an Eaglais Dhé. Ach tha lagh na Tìre, a nis, a diùltadh do dhream fa leth do mhinistearibh na h-Eaglais Stéidhichte, ùghdarras Riaghlaidh 's an Eaglais, 's iad sin ministearan nach 'eil 'n am ministearibh Sgìreachd, ach tha 'n am ministeribh air *Caibealaibh* a mhàin. Tha an lagh aimsireil, 's an Eaglais Stéidhichte, a' ceadachadh dhoibh sud searmonachadh a mhàin.

4. Tha a' cheist sin, "Co iad a bhios 'n am buill do Chùirtibh na h-Eaglais?" 'n a ceist a bhuineas do 'n Eaglais féin a shocrachadh. Ach tha an Riaghladh aimsireil air an ùghdarras so a ghabhail 'n a làiml féin, a nis, a thaobh na h-Eaglais Stéidhichte. Agus, gun teagamh 's am bith, ann an cuid do chàsaibh, chuir an lagh aimsireil cuid do chùirtibh na h-Eaglais a thaobh ; agus dh' òrduich Cùirtean aimsireil do Chùirtibh eile, an t-seirbhis a dheanamh, a bhuineadh do 'n Chùirt-Eaglais a chuireadh a thaobh, a choimhionadh.

5. Tha Crìosd a' suidheachadh Riaghlaidh a Thighe féin ;—no, mar theirear ris, "*cumhachd nan Iuchraichean*," ann an làmhaibh Luchd-dreuchd na h-Eaglais, eadar-dhealaichte o'n Uachdaranachd aimsireil. Ach tha an Uachdaranachd aimsireil, a nis, a thaobh na h-Eaglais Stéidhichte, air an riaghladh so a ghlacadh dhi féin ; gun chòir (o 'n Fhocal), agus air àitheantan a chur a mach, agus ag aghairt ùmhleachd dhoibh, a tha an aghaidh Lagh' Chrìosd, mu thimchioll cheangail na dàimhe sin a tha eadar ministear agus coimhthional, agus a thaobh dhleasdanas mhinistear, agus a thaobh co-shuidheachaidh Chùirtean-Eaglais, agus a thaobh an eadar-sgaraidh a tha eadar gnothuichean Riaghlaidh aimsireil agus Riaghladh na h-Eaglais, a' briseadh a stigh air an aon ùghdarras a mhàin do 'n dlìgear ùmhleachd ann an Eaglais Chrìosd.

6. Fhad 's a bha sinne a tha a nis 's an Eaglais Shaor, ann an dàimh ris an Riaghlaidh aimsireil, cha d' mhothaich sinn riamh, cumhachan 's am bith eile, ach a mhàin, gu 'm pàidheadh sinn air ais, do 'n *Stàta*, an cuideachadh a thug an *Stàta* dhuinne mar Eaglais, le ar seirbhisibh spioradail, mar Luchd-teagaisg, agus mar Luchd-riaghlaidh Eaglais, a bha 'n am buannachd do-labhairt, do 'n cho-fhlaitheachd, eadhon 's an t-seadh aimsireil, fhad 's a bha ar saorsa spioradail againn. Ach, a nis, tha an Eaglais Stéidhichte air aontachadh an dleasdanas spioradail a bhí fo reachd agus fo ùghdarras an h-uachdaranachd agus an lagh' aimsireil, agus an luchd-dreuchd a bhí fo a cuing agus a h-àilghios.

7. Annar 'n aonadh-ne ris an Uachdaranachd aimsireil, thugadh dhuinn, agus *ghnàthaich* sinn, ar saorsa féin, agus ar breth féin a bhí againn mu ar dleasdanasuibh féin ; agus dh' aontaich sinn gu h-iomlan, a breth féin ann an gnothuichibh aimsireil a bhí aig an Uachdaranachd aimsireil, 'n a cùisibh-sa, 's an amhuil cheudna. Agus, b' i ar breth, mar Eaglais, nach robh e an comas an Riaghlaidh aimsireil ni 's am bith a bhuntuinn uainn, ach a mhàin ar sochairean aimsireil, thalmhaidh, na 'm briseadh sinn, air dhòigh 's am bith, 'n am breth-san, na cumhacha sin, fo 'n d' thugadh leo na sochairean aimsireil sin dhuinn mar Eaglais. Ach, a nis, tha an Eaglais Stéidhichte air géilleadh agus air aontachadh, air sgàth an sochairean aimsireil, chùirtean aimsireil an lagha a bhí 'n am breitheamhaibh, c' uin a tha no nach 'eil an Eaglais a' coimhead an dleasdanas féin. Agus tha an Eaglais Stéidhichte air gabhail ri breth nan cùirtean-lagha mar a riaghailt a 's àirde, no, ann am briathraibh eile, gu 'm feum i géilleadh no strìochdadh do 'n bhreth sin.

8. Tha sinn a' dealachadh gu h-iomlan 'n ar breth-ne, o'n Eaglais Stéidhichte, a thaobh tomhas ar saorsa, a tha mar fhìachaibh air an Eaglais a thagradh, 's a ghnàthachadh, ann an co-aonadh, mar bha againn ris an Riaghladh aimsireil. Is e ar teagasg-ne, ann an suidheachadh 's am bith 's am feud sinn a bhí, o'n leth muigh, nach ceadaichte dhuinn Maighstir eile 's am bith, ach *Crìosd* a mhàin a sheirbhiseachadh, no a thoileachadh, agus a thoil fhoillsichte-san a ghabhail, agus a leant-

uinn mar ar 'n aon riaghailt, gu 'n gabhadh sinn riaghailt no ùghdarras 's am bith eile, gu 'm biodh sin 'n a àicheadh air Chrìosd. Agus, a réir sin, cho luath agus a bhris an Riaghladh aimsireil a stigh, air an Eaglais Stéidhichte an Alba, agus a dh' oidhirpich an Riaghladh sin smachd a ghnàthachadh os ar ceann 'n ar dleasdanasaihb spioradail, agus ar saorsa spioradail a bhuntuinn uainn, agus ar cur fo an cuing féin;—dhiùlt sinn géilleadh do 'n cuing-san, air chor 's am bith, no ar saorsa spioradail a leigeil uainn; agus roghnuich sinn gu 'n spùnteadh uainn, gu h-iomlan, gach sochair aimsireil agus thalmhaidh a bha againn o 'n Riaghladh aimsireil, mar Eaglais Stéidhichte. Ach cia mar ghiùlain, an dream a dh' fhan 's an Eaglais Stéidhichte 's an àm sin, agus o 'n àm sin, 'n uair a ghabh i ar 'n ionad-ne? Dh' aontaich i air ball, a bhi fo mhaighstir-eachd Chùirtean an lagh' aimsireil, agus bhi air a rùsgadh d' a saorsa spioradail, agus 'n a crannchur spioradail, i bhi fo ùghdarras Chùirtean an lagh' aimsireil. Is e sin, reic i a saorsa spioradail, a còir-bhreith, air son mèis do 'n bhrochan. Tha i a nis a' giùlan shuaicheantais a daorsa, a dh' ionnsuidh am bheil an Uachdaranachd aimsireil air a leagail sìos. Tha i ag imeachd gu bacach anns na geimhlibh a tha an Uachdaranachd sin air ceangal oirre. A dhòl a thagradh a saorsa féin, bhiodh sin an aghaidh an lagha fo 'n do cheangail si i féin mar Eaglais Stéidhichte. Tha cùisean ro-chudthromach, anns an feum i thoirt fainear, agus géill a thoirt, cha 'n ann do 'n ni a deir an Tighearn, ach do 'n ni a deir an t-Uachdaran aimsireil.

9. Tha sinn, mar so, air dealachadh gu h-iomlan, r' a chéile, mu 'n teagasg ro-chudthromach sin, co dha a bhuineas uachdaranachd agus riaghladh Eaglais Chrìosd. Tha sinn a' coimhead a' phrìomh theagaisg sin, nach feud an Eaglais géill 's am bith a thoirt, do lagh, no do riaghailt eile 's am bith, ach d' a Fhocal-sa, ach nach ceadaichte dhi aon fhear-mìneachaidh eile 's am bith, ach i féin, air a treòrachadh leis an Spiorad sin, a tha ag aslachadh, gu 'n toireadh Chrìosd, e féin dhi. Agus lagh no riaghailt eile 's am bith a thoirt a stigh, no ùghdarras mìneachaidh 's am bith eile, bhi aice, gur h-e sin, a lagh-san a chur air chùl, agus àicheadh a dheanamh air 'ùghdarras-san, mar aon Ard-Cheann 'Eaglais féin. Ach, mu thimchioll na h-Eaglais Stéidhichte a nis, is e a thubhairt ceann-suidhe Ard-chùirte an lagh' aimsireil ann an Alba,—“'S i a' Phàrlamaid, Ceann aimsireil Eaglais na h-Alba, o am bheil a mhàin a h-ùghdarras agus a comasan.” Agus 's e a thubhairt an *Ridire Raibeart Peel*, 's a' Phàrlamaid, 's a' bhliadhna 1844,—“'S i mo breth-sa,” ars esan, “gu 'r ro-chudthromach agus feumail an gnothuch, gu 'n tuigeadh Eaglais na h-Alba, gu 'm feum a h-ùghdarras a bhi air a chuingleachadh, mar tha e a nis air a chuingleachadh, agus i bhi air a deanamh 'n a h-ìochdaran do 'n Phàrlamaid.” Agus mar so, tha Eaglais Stéidhichte na h-Alba air aontachadh, nach géillear do ghuth Chrìosd àn an cùis 's am bith, far am bheil na Cùirtean-lagha aimsireil a' toileachadh, gu 'n cluinnear an guth féin, agus guth Chrìosd ('n a Fhocal féin), a chur 'n a thosd. Tha Eaglais Stéidhichte na h-Alba, mar so, air a h-ùmhachd féin a thionndadh air falbh, o 'n Fhear-bhainnse nèamhaidh, agus air i féin a thoirt do thighearna talmhaidh. Tha i a nis a' deanamh seirbhis do mhaighstir eile, agus cha 'n ann do Chrìosd. Tha i a' géilleadh do Luchd-riaghlaidh talmhaidh, a' toirt na h-ùmhachd dhoibh-san a bhuineas a mhàin do Chrìosd, mar an Rìgh ann an Sìon. Tha i a' toirt ùmhachd do 'n ùghdarras aimsireil, a tha air a h-ùghdarras féin

'fhòirneadh a stigh gu bhì os a ceann-sa, ann an àite lagh' a Cinn nèamhaidh féin.

10. Tha sinne a tha do 'n Eaglais Shaoir, gu h-ìomlan a' dealachadh o Eaglais Stéidhichte na Alba, a thaobh na dàimhe, 's an t-seasaimh 's am bheil sinn a nis ri sean Eaglais dhìleas, shàraichte, na h-Alba. Deir *Iain Welsh* ìomraideach, agus e 'n a phrìosanach fo ain-tighearnas na h-Easbuigeachd, agus Rìgh Sheumais,—“ An dà phong so, gur h-e Crìosd Ceann na h-Eaglais, agus gu 'm bheil i saor 'n a riaghladh o gach ùghdarras eile 's am bith, ach ùghdarras Chrìosd a mhàin, is iad sin na h-aobhairean sònraichte as leth 's am bheil sinne a nis ann am prìosan. Buinidh iad do Chrùn Rìoghail Chrìosd, do a shlaid-shuaicheantais, do a Rìoghachd, agus cha chomasach dhoibh a bhì fo ùghdarras eile 's am bith, ach dha ùghdarras féin a mhàin. Agus mar so, is mi fa bhiodh toileach a bhì air m'ìobradh suas mar ìobairt air son firinn a tha cho glòrmhor innte féin.” As leth na firinn so, bha àrd-mhaithean na Tìre, bha ministirean, agus bha daoine an inbhe ìosal, a dh' fhuiling chum bàis, fo ain-tighearnas chruaidh, a dh' oidhirpich, ach a dh' oidhirpich gu dlomhain, (an Alba,) Eaglais Easbuigeach, agus a h-àrd-cheannas ann an cùisibh spioradail, a ghabhail orra féin, agus os ceann ar sluaigh. Ach, gidheadh, a nis, tha an t-àrd-cheannas so, air a dhaingneachadh le Pàrlamaid ar Rìoghachd, agus air ùmhlachd a chosnadh 's a bhì air a toirt, le Eaglais Stéidhichte na h-Alba.

Mar so, air an dara làimh, tha an cumhachd saoghalta, ain-tighearnail, a chuireadh an cleachdamh o shean, ('n ar Tìr,) leis a' Phàpanachd, agus leis an ùghdarras aimsireil air an dlùthachadh rithe; agus an déigh sin le ain-tighearnas aimsireil agus le ain-tighearnas na h-Easbuigeachd a' co-aontachadh r' a chéile; agus a nis fo làimh nam *Moderates* agus nan Cùrtean-lagha le chéile, air an ìomhaigh féin a tharruing air co-shuidheachadh na h-Eaglais Stéidhichte ann ar Tìr. Ach, air an làimh eile, tha ceud-fàithean spioradail an àrd-urraim a bhuineas 's a dhlighear do fhocal, do thoil, agus do ùghdarras Chrìosd, mar an t-aon Rìgh, agus mar aon Àrd-Cheann Eaglais féin, fo an do neartaicheadh ar 'n aithrichean dìleas, seasamh gu fuil an aghaidh na Pàpanachd, an aghaidh na h-Easbuigeachd, an aghaidh an ùghdarras aimsireil agus ain-tighearnais, tha na ceud-fàithean spioradail sin air neart a bhuileachadh air cuid, am fianuis a thogail, agus strì a dheanamh an aghaidh bheachdan agus dheanadas nam *Moderates*; agus fa dheoidh, thugadh comas do na ceud-fàithibh so, dol a mach fhaotainn, anns an *Dealachadh* 's a' bhliadhna 1843. Agus ged a tha sinn gu h-ealamh agaideachadh gu 'n d' fhàgadh 'n ar déigh iomadh a tha 'n an crìosduidhibh gu fìor, agus gu 'n d' thàinig iomadh a mach a bha 'n an crìosduidhibh a mhàin ann an ainm 's an sloinneadh; gidheadh, 's an fhad 's am bheil an seasamh féin aig an dithis bhuidhinn fa leth, air mhodh fhollaiseich, is soilleir gu 'n do bhuaidhaich na ceud-fàithean ana-crìosduibh, 's an Eaglais Stéidhichte a réir a co-shuidheachaidh a nis; agus gu 'n do bhuaidhaich na ceud-fàithean spioradail, ann an Eaglais Shaoir, agus ann am fianuis-thogal na h-Alba.

II.—*Ciamar, no ciod air son, nach comasach dhuinn tionndadh a dh' ionnsuidh nam Féin-thoileach, (no, na Voluntaries.)*

Mar tha ceud-fàithean air an aideachadh mar shluagh 's an Eaglais Shaoir a tha a' cur an aghaidh *Earaistianachd* na h-Eaglais Stéidh-

ichte; tha iad co-ionnan fad eadar-sgaraichte o bhuidhinn nam *Féin-thoileach*. Tha an *Earaistianachd*, a' toirt do 'n Luchd-riaghlaidh aimsireil, ùghdarras nach buin dhoibh ann an Eaglais Chrìosd. Tha an *Fhéin-thoileachd*, 'g an cur sud saor, a' cur na h-Uachd-aranachd aimsireil gu h-iomlan saor, o bhi fo fhìachaibh 's am bith cuideachadh 's am bith a thoirt do 'n Eaglais. Tha an *Earaistianachd* a' dol os ceann an dleasdanas féin do 'n Eaglais. Tha an *Fhéin-thoileachd*, a' cumail Luchd-riaghlaidh air ais o an dlìghe a dheanamh do 'n Eaglais. Tha an *Earaistianachd* a' treòrachadh Luchd-riaghlaidh aimsireil gu iad féin fhòirneadh a stìgh gus an ùghdarras agus na sochairan spioradail a tha Crìosd air buileachadh air a luchd-teagaisg, agus air a shluagh, mar Eaglais. Tha na *Voluntaries* a' treòrachadh an Luchd-riaghlaidh aimsireil gu a dhòl an aghaidh nan comainibh 'm bheil iad do 'n Tighearn, a chur air chùl, agus iad a dhìùltadh so gu h-iomlan. Fo shamhladh a bhi a' cur urram air Crìosd, tha an *Earaistianachd* a' treòrachadh an Luchd-riaghlaidh aimsireil an riaghailtean féin a chur mar fhìachaibh air an Eaglais,—an lagh féin a chur suas ann an ionad, agus an aghaidh lagh' Chrìosd, fo shamhladh dhon a chur air dìlseachd na h-Eaglais do Chrìosd. Dh' iarradh na *Voluntaries* Luchd-riaghlaidh aimsireil a chumail air ais o ùmhlachd 's am bith, mar Luchd-riaghlaidh, a thoirt dha. Tha an *Earaistianachd*, agus iad ag aideachadh bhi a' cumail suas na diadhachd, a' truailleadh na h-Eaglais gu bhi 'n a h-inneal 'n an làmh-aibh féin, air son an innleachdan talmhaidh féin a chur air an aghaidh. Agus tha *Voluntaryism*, 'n an aideachadh, a chum an aideachadh chrìosduidh a choimhead glan, is e a tha iad ag iarraidh, an diadhachd a chumail a mach o chomhairlibh agus o reachdaibh na Rìoghachd gu h-iomlan. Agus mar sin, mar thug sinn thairis mòran d' ar sochairibh aimsireil, chum na *h-Earaistianachd* a chumail a mach as an Eaglais Stéidhichte, tha e mar fhìachaibh oirn, 's an Eaglais Shaoir, beachdan nam *Féin-thoileach* a sheachnadh agus an àicheadh; eadhon ged tha ar beachdan, mar so, 'g ar dealachadh, ann an tomhas, o bhràithribh, maille ris am feudadh sinn, ach air son so, tomhas nach bu bheag do cho-chòrdadh a bhi againn.

Tha cuid, gun teagamh, a dh' aithriseas, gu h-aineolach, gur *Féin-thoilich* sinn; do bhrigh 's gu 'm bheil ar coimhthionalan, a' cruinneachadh 's a' buileachadh stìpein nam ministear. Bu mhaith gu 'm b' fhèrrinn sin. An ceann a chéile, tha an Eaglais Shaor 'g a dheanamh. Ach tha dealachadh comharraichte eadar sinn agus an dòigh 's am bheil na *Voluntaries* 'g a dheanamh. Feudaidh gu 'm faighear na *Voluntaries* a 's déine 'n am beachdaibh, agus gur h-ìad na spìocairean 's cruaidhe, ann an cuideachadh a thoirt do aobhar an Tighearna. Am *Féin-thoileach* a dh' àicheidheas gur dleasdanas do Luchd-riaghlaidh agus do Rìoghachdaibh cuideachadh a dheanamh ri aobhar Chrìosd, gur h-ìad sin na daoine leis an deanar an dleasdanas féin 's an tomhas a 's mosaiche. An duine do 'n Eaglais Shaor a choimhideas am beachd so, gur h-e dleasdanas Luchd-riaghlaidh agus Rìoghachdan, air bhonn Sgrìobtuireil, cuideachadh a thoirt do aobhar Chrìosd, is e an dearbh dhuine a 's coslaiche gu 'm faicear fhialachd do aobhar an Tighearn, 's an Eaglais d' am buin e féin; agus do aobhar an t-soisgeil, 'n a fharsuingeachd; agus e ag iarraidh gu 'n cuireadh Luchd-riaghlaidh aimsireil urram air Iosa Crìosd, agus gu 'm biodh iad féin air an riaghladh leis-san, a 's e Rìgh agus Tighearn nan uile.

Thoireamaid fainear, a nis, ni 's mionaideiche, na h-aobhairean sòn-ruichte, nach ceadaich dhuinn a bhi idir 'n ar *Féin-thoilich*.

1. Tha sinne a' gabhail os làimh, Focal an Tighearn bhi ag agradh, air Luchd-riaghlaidh aimsireil, 'n an dreuchdaibh follaiseach, ann an caochladh dhòighibh, bhi a' cur aobhair na diadhachd air aghaidh. Ach, tha na *Féin-thoilich* a' teagasg do Luchd-riaghlaidh aimsireil, nach buin dhoibh-san, 'n an dreuchdaibh fa leth, bhi a' buintinn idir ri aobhar na diadhachd, eadhon gu a chur air aghaidh.

2. Tha sinne a' gabhail os làimh, gu 'm buin do Luchd-riaghlaidh aimsireil, ann an cuideachadh gnìomhach, bhi a' toirt géill do Chrìosd mar Rìgh nan uile chinneach, agus mar Rìgh nan naomh. Ach 's e a tha na *Féin-thoilich* a' cumail a mach, nach còir do laghanna thire 's am bith, comharradh 's am bith a ghiùlan air géill do Chrìosd.

3. Tha sinne a' gabhail os làimh, do bhrìgh gu 'm buin do Luchd-riaghlaidh aimsireil, agus gu 'm bheil e mar fhiachaibh orra mionnan sòluite a fhrithealadh ann an cùisibh ceartais, eadar duine is duine, gu 'm buin e dhoibh, agus gu 'm bheil e mar fhiachaibh orra, soilleireachd agus aithne a bhuileachadh air an t-sluagh a tha fo an riaghladh, ann am fìor eòlas a ghabhail air Dia; a chum 's nach biodh deasdanas sòluite nam mionn ud 'n am fanoid air Ard-Rìoghalachd Dhé. Ach tha an *Fhéin-thoilich* a' teagasg, nach buin idir do 'n Uachdaranachd aimsireil bhì ri meachranachd ri dòighibh no ri beachdaibh creidimh bhuidhnean 's am bith do 'n t-sluagh; ach a mhàin am toil féin a thoirt do gach dòigh creidimh a thachras a bhi aig buidhnibh fa leth do 'n t-sluagh, agus a bhi cùramach gu 'm fàg iad na beachdan ud, mar bha iad, agus mar fhuair iad leo iad.

4. Tha sinne a' gabhail os làimh, Luchd-riaghlaidh aimsireil bhi fo fhiachaibh Fìreantachd an Uile-chumhachdaich aideachadh, a thaobh Rìoghachd agus a sluaigh, ann an aimsiribh breitheanais, agus air a thròcair ann an aimsiribh teasairginn; agus gu 'n gairmeadh iad air sluaigh na Rìoghachd os ceann am bheil iad 'n an Luchd-riaghlaidh, a bhi air an ìrioslachadh fo a làimh chumhachdaich-san, no buidheachas dha-san aideachadh gu follaiseach ann an aimsiribh teasairginn. Ach tha an *Fhéin-thoilich* a' teagasg, nach 'eil gnothuch aig Luchd-riaghlaidh buintinn, 'n an dreuchdaibh aimsireil, ri dàimhibh shluaigh na Rìoghachd ris an Uile-chumhachdach, aig an leithidibh sin do aimsiribh; ach gur h-e a mhàin an deasdanas 's na h-aimsiribh sin, spéis a nochdadh do thoil an t-sluaigh, le cothroma a thoirt dhoibh gu a leithid do choinnibh a chumail 's a dh' iarras iad féin mar bhuidhnibh fa leth.

5. Tha sinne a' gabhail os làimh, do bhrìgh agus gur h-iad òigridh na Tìre a tha gu bhi an dara cuid 'n am beannachd no 'n an aimhleas do Thìr an dùthchais, do réir agus mar theagaisgear 's mar thogar suas iad, e bhi mar fhiachaibh air Luchd-riaghlaidh Tìre, ionnsachadh agus meadhona soilleireachd a sholar dhoibh agus a bhuileachadh orra, araon ann a rathad mhodhanna, agus ann an eòlas na diadhachd, mar ann an eòlas aimsireil. Ach tha na *Féin-thoilich* a' teagasg, nach 'eil aig Luchd-riaghlaidh aimsireil gnothuch, ach a mhàin ri ionnsachadh aimsireil a thoirt do 'n òigridh, agus nach buin dhoibh gnothuch 's am bith a ghabhail ach ris an ionnsachadh aimsireil sin a thoirt dhoibh, agus gun gnothuch idir a ghabhail ri ionnsachadh Crìosduidh a thoirt do 'n òigridh.

6. Tha sinne a' gabhail os làimh, mar an ceudna, gu'm buin do Luchd-riaghlaidh aimsireil, comh-pàirt bhi aca ann, agus gnothuch a dheanamh dheth, làmh-chuideachaidh bhi aca, ann an ionnsachadh 's ann an teagasg na diadhachd a chumail air chois, mu choinneamh shaighdeirean, agus sheòladairean; mu choinneamh phrìosanach, agus bhochd; mu choinneamh dhlobarach, agus luchd-fuadain, aig a' bhaile, agus uaithe; agus mu choinneamh nan cinneach iodhol-aorach, a tha fo an riaghladh, ann an tìribh céine. Ach feumaidh na *Voluntaries*, ma 's co-sheasmhach iad 'n an aideachadh, feumaidh iad a theagasg, nach buin do 'n riaghlaidh aimsireil meadhanan ulluchadh no ghnáthachadh chum a' chreidimh Chrìosduidh a chraobh-sgaoileadh a measg nan cinn-each sin:—nach bu chòir sin a bhi air 'ulluchadh, ach a mhàin le daoineibh Chrìosduidh fa leth, agus le Eaglaisibh Chrìosduidh.

7. Tha sinne, ('s an Eaglais Shaor,) a' gabhail os làimh, gu'm bheil an Luchd-riaghlaidh aimsireil fo fhìachaibh, Eaglais Chrìosd aideachadh 'n a buidhnibh fa leth a tha fìrinneach agus dìleas, mar air leth o chom-unnuibh eile 's am bith, eadar iad a bhi cràbhach 'n am beachdaibh féin, no bhi talmhaidh; agus do na buidhnibh Eaglaiseil sin, a tha a' coimhead na fìrinn, gu 'n nochdadh an Luchd-riaghlaidh aimsireil deadh-ghean air mhodh shònruichte. Ach is e a theagaisgeas an *Fhèin-thoileachd*, nach ceadaichte gu'm biodh Eaglaisean dìleas, a bhi mar sin air an aideachadh, no deadh-ghean sònruichte a bhi air a nochdadh dhoibh, le Luchd-riaghlaidh aimsireil, mar bhuidhnibh fa leth; ach gu'm bu chòir do gach buidhinn aideachaidh, cia b' e air bith an aideachadh fa leth, bhi air an aideachadh, mar bhuidhnibh *Fèin-thoileach*, le Luchd-riaghlaidh aimsireil; agus gu'm biodh iad an sùil an lagha air an aon bhonn, co-ionnan ri gach co-aonadh eile, cia b' e air bith a chrìoch air son am bheil iad 'n an co-aonadh; no, ma tha co-aonaidhean a tha ag aideachadh cràbhachais 's am bith, gu bhi air an aideachadh no air an gabhail riutha leis an Luchd-riaghlaidh aimsireil,—buidhnean air an gabhail riutha, air an aon dòigh, eadar gur h-Iudhaich iad, no gur Chrìosduidhean iad; eadar gur Pàpanaich iad, no gur Protastantaich iad; agus air t-aon fhasgaidh a thoirt dhoibh, agus air aon chor 's am bith ach a mhàin an t-aon fhasgaidh, agus an aon dìon.

8. Ag amharc ris a' chumhachd, a tha anns an fhìor dhiadhachd, agus innte-san a mhàin, gu bhi ag iompachadh agus gu an saoradh 's an glanadh o pheacadh, agus o neo-mhodhalachdaibh bàsmhor; tha sinn a' gabhail os làimh, gur h-e dleasdanas an Luchd-riaghlaidh aimsireil, a bhi ag eiridneadh, agus a' cuideachadh na fìor dhiadhachd, an taobh stigh do chrìochaibh an riaghlaidh féin. Ach 's e a tha an *Fhèin-thoileachd* a' teagasg, nach 'eil còir 's am bith aig an Uachdaranachd aimsireil, 'n a dreuchd féin, an fhìor dhiadhachd a ghabhail idir, mar intheadhon, a roghainn air cràbhachd bréige 's am bith, ann an cur air aghaidh, deadh-riaghailt agus deadh-bhuannachd na co-fhlaitheachd aimsireil.

9. Tha sinne a' cumail a mach, agus a' togail fianuis, a chum Eaglais Chrìosd, a bhi a' deanamh a h-oibre beannaichte féin, ann an Tìr; e bhi mar fhìachaibh air an Uachdaran aimsireil, a réir an lagha, a chur an cèill, agus dìon, no callaidh-dhèin a tharruing timchioll air Eaglais Chrìosd, agus a saorsa spioradail a sheasamh dhi, agus a cumail tèaruinte, eadhon o chùirtibh aimsireil an lagha. Ach tha an *Fhèin-thoileachd* a' teagasg, nach ceadaichte do Luchd-riaghlaidh aimsireil, h-uiread

agus a thoirt fainear, no a chur an céill, chòirichean sònruichte agus dhiadhaidh na h-Eaglais; agus gu'm feum iad fantuinn air ais, o bhi ri meachranachd rithe 'n a h-ionad cubhaidh féin, dìreach 's an dòigh cheudna 's am fan iad air ais, o ni 's am bith a ghabhail r' a dheanamh ris na h-Iùdhachibh, no ris na Mahomadanaibh,—'s e sin, luchd-leannmuinn an Fhàidh bhréige, *Mahomad*, no, mar theirear gu coitcheonn 'n ar cànainn-ne, na *Durcaich*: no luchd-leannmuinn, no luchd-teagaisg 's am bith, eadar do na teagasgaibh sin, bhi firinneach no breugach.

10. Tha sinne, a' coimhead 's a' tagradh, gu 'r h-e dleasdanas Luchd-riaghlaidh aimsireil, ann an co-fhaireachduinn, no mar chomharradh air an co-fhaireachduinn ri Eaglaisibh Chrìosd, agus mar dhearbhadh air an dlìghe féin dha-san mar Rìgh nan uile Chinneach, mar is e an Rìgh os ceann Shìoin, mar cheadaicheas an cothrom dhoibh, còmhnaidh brìgheil a bhuileachadh, air 'aobhar-san, air gach dòigh, agus air feadh gach cèarna, agus 's gach aimsir, agus a fhàgas an còmhnaidh sin 'n a fhìor chuideachadh, 'n uair chithear fìor fheum air; agus 's an àm cheudna, gu'm biodh sud 'n a mheadhon beothachaidh, agus nach b' ann 'n a chuing, no 'n an uallaich, do shuilibireachd, no do eud na h-Eaglais ann an comhlionadh a dleasdanas spioradail. Ach is e a tha an *Fhèin-thoileachd* a' teagasg, gu soilleir, daingean, gu'm bheil Lagh Chrìosd, a' toirmeasg gach aon còmhnaidh o 'n Uachdaranachd aimsireil, air chionn fhrithealaidh do aobhar na Diadhachd.

III.—*Cia mar nach comasach agus nach ceadaichte dhuinn, ni's am bith tuilleadh bhì againn r' a dheanamh ris an Aonadh a tha's a' cheart àm r' ar 'n aghaidh, cho fad 's a bhonntaichear e air a' bhreth a thug Ard-Sheanadh na h-Eaglais Saoire, 's a' bhliadhna 1867.*

Ghabh sinn coimhpairt ann an gnothuch an Aonaidh, eadar an Eaglais Shaor agus na *Fèin-thoilich*, 's a' bhliadhna 1863,—an dòchas gu'm feudadh cùisean bhì air an réiteachadh eadarainn, air chor agus nach biodh cnap-starraidh 's am bith eadarainn, air nach faighteadh buaidh ann an rathad aonaidh.

Rè nan ceithir bliadhna sin air thùs, bha an gnothuch cudthromach a' dol air aghaidh; bha amharusan, gun teagamh, ag éirigh an tràs 's a ris. Agus, a measg chàich, thachair iad so a leanas:

1. Bha cumhachan an Aonaidh air an atharrachadh, 's air an atharrachadh, gus an do chuireadh iad ann am briathraibh, le cuideachadh nam *Fèin-thoileach*; gus am feudadh neach 's am bith seadh nam *Fèin-thoileach* a thoirt asda.

2. Agus fhad 's a bha an dithis bhuidheann a' làimhseachadh nan cùisean agus nam pong, sheas ar coimhearsnaich do 'n chomunn ud, gu daingean, neo-ghluasadach, ag oidhirpeachadh, gu'm biodh na cumhachan ud dìreach glan mar sud air am foclachadh. Agus dh' aontaich luchd-iùil Buidhinn na h-Eaglais Saoire ris, gu'm foclaichteadh na cumhachan mar dh' iarradh a' bhuidheann ud eile.

3. Aig crìch nan ceithir bliadhna ud,—sin, ann an Ard-Sheanadh na h-Eaglais Saoire, 's a' bhliadhna 1867,—thàinig luchd-iùil Buidhne aonaidh na h-Eaglais Saoire air aghaidh, mar ag iarraidh ach a mhàin 's a' cheart àm, gu 'n cumtadh an gnothuch fuasgailte, no fosgailt' eadar an dithis bhuidhinn, fathast. Agus thug iad air aghaidh fianuis, a dh' aithris, gu 'n robh, a nis, an tomhas do réite eadar bheachdan an dithis buidhne, 's e sin buidheann na h-Eaglais Saoire agus buidheann na h-Eaglais eile,

agus nach ruigeadh a leas dealachadh bheachdan 's am bith a bha eatorra, an cumail air ais, taobh seach taobh, o bhi air an aonadh r'a chéile. B' e so an Ceud Cheann, mar chi sibh an so e: "*Gur h-e dleasdanas an Uachdarain aimsireil, ann am frithealadh a dhreuchd fhollaiseich, a bhi a' cur air aghaidh nan nithe a bhuineas do leas a' chreidimh Chriosduidh a measg nan tochdaran, anns gach dòigh a tha a' co-chòrdadh ri spiorad agus ri reachdaibh a' chreidimh sin.*" Agus, mar an ceudna, "*Gur h-e dleasdanas gach uil' Uachdaranachd air thalamh, na dòirichean agus an t-saorsa a bhualich Criosd air' Eaglais féin a choimhead gun dochann.*" Leis a' bhreth sin bhi air a toirt, cha bhuaidh, no feum, tuilleadh, a bhi a' rannsachadh, no a' sgrùdadh na puinge cudthromaich so, eadar an dithis bhuidheann. Oir, mar bha iad air còrdadh mu 'n chùis ro chudthromaich ud; cha robh aobhar 's am bith, gu 'm biodh tuilleadh deasboid idir ann, mu a dhéighinn.

Ach, tha mòran air 'fholach an so, nach 'eil a' tighinn an uachdar. Agus bheir sinn mineachadh, ni 's farsuinge uime, aig deireadh an Leabhraìn so, fo 'n chomharradh so.*

4. Smuainich gu coitichionn ministeirean agus sluagh na h-Eaglais Saoire, nach robh aon ni 's am bith air a shocrachadh, leis a' bhreth ud a thug Ard-Sheanadh na Eaglais Saoire 's a' bhliadhna 1867: nach d' rinn a' bhreth sin, ach an gnothuch 'fhàgail fosgailte fathast eadar an dithis bhuidhinn, a bha fathast ag iarraidh an aonaidh. Ach bha Luchd-iùil Buidhne na h-Eaglais Saoire air atharrachadh beachd. Ghabh iad a nis a' chùis mar air a réiteachadh eatorra. Agus leis a' chuideachadh a fhuair iad 's an Ard-Sheanadh 's a bhliadhna 1867, chunnaic iad gu 'n robh breth a' chuid mhòr do bhuill an Ard-Sheanaidh air an taobh féin. Bha fios gu maith aig ar Luchd-iùil-ne, gu 'm biodh a nis, a' chuid mhòr do bhuill an Ard-Sheanaidh aca air an cùl. Bha deadh fhios aca, na 'n cumadh iad air chois a' bhreth sin gus an d' thàinig an t-Ard-Sheanadh, gu 'm faigheadh iad gach ni eile eadar iad féin agus na *Voluntaries* air an réiteachadh gun eagal; agus gu 'm biodh an gnothuch gu maith tèaruinte. Agus a réir sin, rè na bliadhna 1867-8, cha d' fhosgail iad an Ceud Cheann do chùisibh an Aonaidh, idir. 'N uair shuidh an dithis Bhuidheann cuideachd o àm gu h-àm rè na bliadhna sin, cha robh guth air a' Cheud Cheann. Agus roimh àn an Ard-Sheanaidh, 's a' bhliadhna 1868, 'n uair thug Buidheann gnothuch an Aonaidh, (mar tha mar fhiachaibh air gach Buidheann a shònraichear leis an Ard-Sheanadh mu gnothuch 's am bith a chur air aghaidh a bhuineas do 'n Eaglais,) cha robh aon fhocal 'n a' n iomradh, mu 'n *Cheud Cheann* do chùisibh an Aonaidh. Dh' fàg iad nà pongan eile, fosgailte.

Bu chòir bhi air ainmeachadh cheana, gu 'n robh buill àraidh do Bhuidhinn na h-Eaglais Saoire mu 'n Aonadh, 'n uair mhothaich iad an t-iomradh sgrìobhta a chuir am Buidheann féin a stigh air beulaobh an Ard-Sheanaidh, agus e gu soilleir air taobh nam *Voluntaries*, agus mar ghabh a' chuid bu mhò agus gu pailt, ris, agus gu 'm b' e am breithneachadh-san, gu 'n robh a bhreth ud a' cur eas-urram air Ceann na h-Eaglais;— chùlaich iad Buidheann an Aonaidh, gu h-ìomlan.

5. Tha am Bunchar a tha a nis air a tharruing, agus mar air ulluchadh, cho fad 's a tha sin air a chur an céill fathast le Buidheann Ard-Sheanaidh na h-Eaglais Saoire, a muigh 's a mach, 'na Bhunchar a tha a réir bheachdan agus theagasgan nam *Voluntaries*; ni a chuireadh mar fhiachaibh air an Eaglais Shaor, na 'n togtadh air a Bhunchar sin i féin,

gu 'n dealaicheadh i, no gu 'n leigeadh i ruith, le a fianuis a thog, 'sa ghléidh, Eaglais na h-Alba o chionn thrì cheud bliadhna. Seadh, na 'n robh sinn, mar Eaglais, sinn féin a shuideachadh air a' Bhunchar sin, agus a bhi co-sheasmhach ri ar n-aideachadh, chuirteadh fo fhiachaibh sinn, cuideachadh 's am bith a tha an Riaghladh aimsireil a' buileachadh oirn mar Eaglais, a dhùltadh, (mar tha cuideachadh do sgoilbh, agus do fhoghlum na h-òigridh 'n ar Tìr,) agus a dh' fheudas fathast an Riaghladh aimsireil, a thairgseadh dhuinn.

Air na bunaibh sin, agus a thaobh mhòrain eile, tha sinn a' tilgeil uainn na breth a thug Ard-Sheanadh na h-Eaglais Saoire, 'sa' bhliadhna 1867. Tha sinn a' diùltadh breth na Buidhne a shònruicheadh gus an aonadh a ghiùlan air aghaidh. Chuireadh mar fhiachaibh orra, 'n uair shònruicheadh iad chum na seirbhis ud—seirbhis an Aonaidh ud—nach deantadh coire do aon riaghailt a bhuneadh do aideachadh na h-Eaglais Saoire; agus tha sinn a' faicinn oidhirpean air an toirt, leotha, gu 'm brisear na riaghailtean sin. Tha sinn a' tilgeil uainn, gach ceum a ghabh an Dithis Bhuidheann o 'n là ud, ann an gnothuch cudthromach an Aonaidh. Tha sinn a' diùltadh an Iomradh a chuir Buidheann an Aonaidh a stigh, agus tha air a cur a mach air feadh na Tìre. Tha sinn a' diùltadh gach ni a tha an t-iomradh sin a' cur an céill mar nithibh iomchuidh gu bunchar glan no sgrìobtuireil a dheanamh suas. Diùltaidh sinn an t-aonadh, a thogtadh air a' Bhunchar sin. Agus tha sinn air mhodh shòluimte a' cur as leth ar Luchd-iùil, ann an gnothuch an Aonaidh cheudna, agus as leth an luchd-taiceachaidh 'n ar Eaglais, gu 'm bi iad freagarrach air son gach dochann agus callduchd a dh' fheudas, agus a thig gun seachnadh air Eaglais Shaor na h-Alba, agus air a h-aobhar, air a h-aideachadh, air a h-urram, air a deadh-bhuaidh, air a sìothchaint, agus air a tairbhe, agus air a toraibh, agus air aobhar an fhìor Aonaidh; mu dhaingichear, no ma ruigear a leithid do Aonadh 's a tha a nis, a réir coslais, air oidhirpeachadh.

IV.—*Cia na h-aobhairean a tha againn, a thaobh Aonaidh ri Eaglais-ibh eile, agus sinn bhi a' faicinn, gur neo-chomasach dhuinn, 's an t-seasamh 's am bheil sinn, bhi a' fàgail na h-Eaglais Saoire, mur bi còrdadh ni 's Sgrìobtuireile air a thoirt mu ar coinneamh, na tha sinn a nis a' faicinn. Fanaidh sinn mar tha sinn.*

1. A réir nan aobhairean a dh' ainmich sinn cheana, cha chomasach dhuinn pilleadh do 'n Eaglais Stéidhichte. Chaidh ar dealachadh ris an *Stàta*, 's a' bhliadhna 1843, air a' bhonn, na 'm biodh sinn air fantuinn, gu 'm biodh sinn fo chuing na h-Uachdaranachd aimsireil, ann an cuisibh spioradail. Chithear an comharradh sin a nis air na h-uile Eaglais Stéidhichte. Tha an crannchur a nis aca, an aghaidh fhocail, agus an aghaidh an urrain sin a bhuneas do Chrìosd. Tha iad uime sin neo-sheasmhach, is e an crìoch a bhi air an tilgeil sìos. Cha 'n 'eil sinne mar sin. Agus cha 'n 'eil an ùine ach goirid. Is i gairm an Tighearn dhuinn, 'n a Fhocal agus 'n a Fhreasdail, fantuinn uatha, agus tha an ni ceudna a' gairm air a shluagh-sa iad a thighinn a mach asda. Agus a measg nan càsan so, is e ar dleasdanas sònruichte, an Eaglais a choimhead coimhionta 'n a co-shuidheachadh. Agus 's e ar n-ath dhléasdanas, sinn bhi a' toirt an aobhar mu choinneamh an Riaghlaidh aimsireil, agus bhi a' sparradh orra bhi a' toirt fainear 's ag aithneachadh nam fiachan fo 'm bheil iad gu 'm biodh iad ag aithneachadh 's ag aideachadh nan Eaglaisean dileas

agus fìor, as le Crìosd 's an Tìr; 's a bhì 'g am misneachadh agus 'g an eiridneadh, agus an saorsa spioradail bhì aca, gu bhì a' deanamh seirbhis do Chrìosd, a réir 'Fhocail féin.

2. A thaobh nan aobhairean a dh' aithris sin cheana, cha chomasach dhuinn dol thairis a chum nam *Voluntaries*. Tha an aithne, tre ghràs, a thugadh dhuinn, a leigeil ris dhuinn, na fìachan fo am bheil Rìoghachdan agus Luchd-riaghlaidh, 'n an dreuchdaibh agus 'n an deanadasaibh fa leth, do Chrìosd, d' a fhìrinn, agus do a Rìoghachd-san, agus do a theisteachas—an teisteachas ris an d' aonadh sinn, agus chum an do ghairmeachd sinn; agus a tha fathast mar fhìachaibh oirnn a ghleidheil: tha so a' bacadh dhuinn, gach aon tairgse a dhiùltadh gu daingean agus gu seasmhach, a chuireadh mar fhìachaibh oirnn aon fhocal do fhìrinn Dhé a chumail air ais, no a cheiltinn, no a cumail fo shoitheach mar theisteachas na h- Eaglais. Gu 'n còrdadh sinn leis a leithid do Aonadh, no gu 'n rachadh sinn 'n a cheann, b' e an t-aon nì e agus gu 'n abradh sinn ri Luchd-riaghlaidh aimsireil, nach robh iad fo fhìachaibh 's am bith dleasdanas 's am bith a choimhlionadh, dha-san, is e an t-Uachdaran, an Rìgh, os ceann gach Rìoghachd agus fine fo 'n ghréin; an nì ceudna a tha e os ceann na h-Eaglais gu h-iomlan. Bhiodh an t-aonadh sin, 'n a chòrdadh, 'n a aontachadh air ar taobh-ne gu 'm buineadh sinn ris an Riaghladh aimsireil mar ag ràdh, nach robh dlìghe 's am bith aca r' a choimhlionadh do Chrìosd, do fhìrinn, no do a Rìoghachd. Cha b' urrainn doibh ach a smuaineachadh, gu 'm b' i sin ar beachd. Agus mar so, dh' fhàgtadh sinne freagarrach air son na h-uile dochann agus eucoir a dheantadh leo, mar Luchd-riaghlaidh aimsireil; gach uil' aimhleas a thigeadh air an Tìr, agus a thigeadh gu grad, aon uair 's gu 'n sguireadh an Luchd-riaghlaidh aimsireil o bhì a' toirt Dhé fainear, ann an laghannaibh a shuidheachadh, agus 'n an dòighibh riaghlaidh; agus nach tairgeadh iad eadhon samhladh an urrainn do Chrìosd, no d' a fhìrinn, no do riaghladh Chrìosd. A' creidsinn gur h-ann mar sin a dh' oibrìcheadh an *Fhèin-thoileachd* na 'm b' i a gheibheadh làmh-an-uachdar 's an Rìoghachd, agus gur h-ann a chuireadh gach gnàthas abhaisteach as an alt, a measg Luchd-riaghlaidh agus iochdaran air fad, do gach inbhe,—feumaidh sinn an dòigh sin a dhiùltadh, ann ar beachdaibh, agus ann ar cleachdamh, ann an Eaglais 's am bith ris am bheil ar dàimh 's ar ceangal.

3. Ri aghaidh nan aobhairean cudthromach sin, cha chomasach dhuinn, cha fheud sinn, gnothuch 's am bith a ghabhail mar riaghailt, ris a' bhreth a thug Ard-Sheanadh Eaglais Shaor na h-Alba 's a' bhliadhna 1867. Dh' fheumaidh stéidhean agus ceud-fàithean co-shuidheachaidh ar n-Eaglais, agus a h-aideachadh a bhì air an àicheadh, agus a bhì air an cur uainn, gu h-iomlan, ma nithear aonadh ri Eaglaisibh eile 's am bith air a' Bhunnchar sin. Cha chomasach gu 'm bi Eaglais 's am bith a thogar air a' Bhunnchar sin, ach a mhàin 'n a h-Eaglais *Fèin-thoileach*, 's an t-seasamh cheudna 's am bheil an Eaglais *Fèin-thoileach* an diugh. Cha bhiodh Eaglais air a h-aonadh air a' bhunait, no air co-shuidheachadh mar sud, ach 'n a h-Eaglais *Fèin-thoileach*, air a cur am fad 's an leud. Gu 'n rachadh sinn, agus gu 'n ceangladh sinn sinn féin ri Eaglais mar sud, air a co-shuidheachadh, tha sinn gu cinnteach a' creidsinn a bhì ag àicheadh fìrinn an Sgròbhtuir, agus bhì ag àicheadh clùir ar n-Eaglais, agus a h-aideachadh a sheas, 's a ghléidh i, o aimsir an Ath-leasachaidh o 'n Phàpanachd, ged gu cinnteach b' iomadh ceum mearachdach a thug i 'n a riaghl-

adh. Is ann a bheirear sinn thairis, agus a dh' àicheidheadh sinn ar cliù mar Eaglais, ar seasamh, an sealladh an t-saoghail féin, ar n-ionad seasaimh agus ar buaidh, 's ar toraibh, ar gràdh do thìr ar dùthchais, agus eadhon ar ciall reusonta; agus cha chomasach dhuinn, ach a chur an céill, cho làidir 's a tha e 'n ar comas, nach comasach dhuinn dol a stigh ann a leithid sud do aonadh Eaglaiseil.

4. Chuireadh an t-urram air ar n-Eaglais, fianuis ni bu shoilleire a thogail air taobh na firinn, do theagasgaibh nan Sgrìobtur, a thaobh creud, a thaobh aoraidh, agus a thaobh simplidheachd riaghlaidh, na Eaglais 's am bith eile 's na tìribh so, no feudar a ràdh 's an t-saoghal, aig a' cheart uair so; agus cha 'n aontaich sinn gu 'n saltrar a h-urram 's an duslach.

Tha an seasamh so a thugadh ann am freasdal Dhé dhuinn, a' cumail a mach, gu 'm bheil teachdaireachd fathast againn r' a choimhlionadh, mar Eaglais. Is i ar teachdaireachd, ann an cuid co dhiubh, fianuis a thogail an aghaidh mhearachdan Eaglaisean, Stéidhichte, a tha air tuiteam fo chumhachd na *h-Earaistianachd*, agus an aghaidh Eaglaisean *Féin-thoileach*; agus gu 'n gleidheadh sinn an t-ionad 's an t-slighe mheadhonaich—slighe na firinn shimplidh, ghlan, eadar nam mearachdan ud air gach taobh, gu 'n ath-cruinnicheadh sinn, air raon an t-soisgeil, agus gu 'm feudadh gach neach dìlesas do 'n fhìrinn fasnadh fhaighinn 'n ar measg, gu 'm faighteadh sinn a' gleidheil greim, ma 's e toil an Tighearn a bhi mailleruinn, air'fhìrinn féin bhi air a coimhead leinn. Is e sin an greim a tha sinn ag iarraidh a chumail, ma 'se agus gu 'n deanar an t-aonadh ud, an t-aon bhall a gheibhear an Albainn le Luchd-Eaglais na Cléire, gheibhear a' coimhead firinn a' Bhìobuill gu h-iomlan, agus far am faighear fìor aonadh Sgrìobtuireil a measg luchd-leanmhuinn Eaglais na h-Alba.

5. Tha ar seasamh aig an àm so cho ro-chudhtromach, agus cho ro-shòluimte, neo-airidh mar tha sinn dhinn féin, gu 'n tigeadh dhuinn bhi taingéil, ma chithear do 'n Tighearn e bhi a measg nan nithe so-dhèanta, (agus ciod nach 'eil so-dhèanta dha-san,) ged thuiteadh, ged thilgteadh iad sud uile bun os ceann, (ged nach b' e sin a dh' iarradh no a roghnuicheadh sinne, dheth féin,) gu 'm feud gu mair, beagan cheudan choimhthional ann an Albainn, aonaichte gu dlùth r' a chèile, air bonn, agus ann am bannaibh na Firinn, air a' Bhunchar air am bheil sinn, a chum seirbhis a dheanamh do 'n Tighearn, 's an Tìr, agus air an talamh. Is priseil an ni àireamh mòr sluaigh, 'n uair a tha iad gu léir aonta r' a chéile 's an fhìrinn. Ach 'n uair a tha iad air an aonadh air chostus na firinn, gu bhi a' cur na h-aghaidh, cha toirear mòran dhoibh r' a dheanamh air son glòire Chrìosd. Thionail agus chruinnich *Gideon* déich mìle fichead dhaoine, gu fuasgailt, agus iad gealtach;—'n uair thàinig glaoth tìre an dùthchais orra; ach cha robh e an dàn dhoibh a' bheag do sheirbhis a dheanamh a chum glòire Dhé, no a chum buannachd an dùthcha, no a teasairginn o na Midianitich. Bha an t-seirbhis air a coimhead air chùram nan trì cheud daoine dìleas, a chaidh thar an struth, agus *Gideon* féin air an ceann.

6. Cluinnear cuid, a' labhairt gu tric mu lionmhoireachd an àireimh, bhall a gheibhear 's an Ard-Sheanadh air taobh an Aonaidh, os ceann àireamh nam ball a tha 'n a aghaidh. Cha ghluais so sinn aon bhad, o 'n t-seasamh a tha sinn air togail 's an Ard-Sheanadh, 's ann tha sinn a' faicinn le meud an àireimh ud, an tuilleadh feuma a tha air ar seasamhachd. Ach co iad d' am bheil an lionmhoireachd àireamh air an

deanamh suas? Ministerean òga, agus eildeirean òga, nach d'fhuair cothrom fathast bhi a' cnuasachadh no bhi a' cnàmh an òir, mu na ceistibh cudthromach agus deacar, a tha gu tric air am beulaobh;—agus gu cinnteach, tha an leithid sin ann an gnothuch an Aonaidh so féin. Ann cor àbhaisteach na h-Eaglais, gheibteadh na sgìreachdan agus na coimhthionala fas, air an lìonadh le luchd-teagaisg nach robh, mar bu tric, cho ro òg. Ach, o àm an *Dealachaidh*, cha robh luchd-teagaisg ach, ann an tomhas, tearc. Dh' aobharaich so, gu 'n robh àireamh neo-àbhaiseach do ghillibh òga, a' faotainn a stigh gu bhi 'n am ministèiribh air coimhthionalaibh na h-Eaglais Saoire. Cha robh ann an coimeas ach àireamh nach robh ro-lìonmhordo ghillibh òga a' tighinn a stigh roimh 'n àm sin. Bha iad tric, mar an ceudna, iomadh bliadhna 's a' mhinistèireachd, mu 'm faigheadh iad idir a bhi 'n am buill do 'n Ard-Sheanadh. Ach a nis, 's an Eaglais Shaor, tha àireamh ni 's mò a' tighinn o gach Cléir, no bha a' tighinn roimh àm an *Dealachaidh*. Bha so, gun teagamh, a' toirt tuilleadh fiosrachaidh do na, daoineibh sin, na tha comasach a bhi aig gillibh òga, nach d' fhuair mòr cothrom fiosrachaidh fathast Agus gun ni 's am bith cosmhuil ri tàir no tàmailt a thoirt do dhaoineibh òga; cha 'n 'eil e idir cosmhuil, gu 'm bi iad cho foghainteach, a thaobh farsuingeachd inntinn, ann am beachdachadh air gnothuichibh na h-Eaglais, 's a bhiodh daoine a tha air tional farsuingeachd fiosrachaidh, a tha rè 'ùn' fhad air an cleachdamh ann an seirbhisibh an dreuchd. Agus bu lugha ar 'n eagal, 'n uair a chitheadh sinn cùisean cudthromach na h-Eaglais fo chomhairle dhaoine, a bha air fiosrachadh farsuing a chruinneachadh, le an dìchioll, agus le an saotharaibh féin, fo thredrachadh na Fìrinn. 'N ar càs-san, a nis, 's an Eaglais Shaor, tha an Eaglais air tighinn gu bhi dà fhìllt' ann an àireamh a coimhthionalan, 's a bha i aig àm an *Dealachaidh*; agus mar so, tha ministèirean dà chuart ni 's lionmhoire 's an Ard-Sheanadh, agus eildeirean mar an ceudna. Agus is daoine òga a' chuid mhòr dhiubh. Cha 'n fhad gus am mothaich iad, gur h-iad féin an t-àireamh a 's mò. Tha fios gu maith gur h-iomadh duine, agus gur h-iomadh duine glic, a thug breth air caochladh cùis, leis am b' aithreach an dèigh sin gu 'n d' thug e breth chabhagaich. Cha mhòr nach dualach e do 'n òige deadh bheachd a bhi aice dhi féin. Is cunnartach an suidheachadh, spiorad féineil agus an òige, a' coinneachadh ann an duin' òg. Tha, gun mhearachd, mòran r' a fhaicinn 'n ar measg, do a leithid so, a tha 'n a aobhar cràidh. Agus tha aobhar-eagail gu 'm bheil e a' meudachadh ann ar measg. Agus, mur doirt an Tì Tròcaireach, Gràs-mhor, air ar daoineibh òga, spiorad na h-ìrioslachd agus an eagail dhjadhaidh, gu druidhteach agus gu farsuing, tha cunnart 's a' gnothuch gu 'm feudar call a dheanamh nach gabh leigheas gu furasd. Agus feudaidh iad féin fulang fathast air a shon, 'n uair bhios e tuilleadh 's anmoch.

7. Cha mhò a bheir e tulgadh 's am bith oirn, a bhi a' faicinn strìochdadh nan gillean òga ud do Luchd-ùil an Ard-Sheanaidh. Air sgàth aonachd 'n ar comhairlibh, mar o àrd-mheas a bhì againn air ar Luchd-comhairle o àm an *Dealachaidh*, a bhi 'n an daoineibh foghainteach, ciallach, fiosrach, agus tùireil, agus glic; agus thug an Tighearn dhuinn iad gu maith pailt 's na làithibh sin, gu a dhol romhainn 's an *Dealachadh*, bha sinn cleachdta ri bhi a' leantuinn an comhairle, agus an eisemplir, mar ni a bha dleasdanach dhuinn. Ach tha an Luchd-comhairle sin, a nis, ach beag, a thàinig a mach air ar ceann, 's an *Dealachadh*, air an gairm gu Rìoghachd a 's fèarr. Ach tha an dithis no 'n

trìuir a tha fathast maireann, air gabhail orra féin mòran ni's mò ùghdarrais 's an Ard-Sheanadh, na bha air a roinn, a measg lionmhoir-eachd nan gaisgeach, a bha 's an àm ud air am faicinn, 's air an aithneachadh 'n ar measg. Tha iad so, air gabhail orra féin, agus cuid do òigridh eile, ag iarraidh an eisimplir a thogail anns an ùghdarras cheudna a ghlacadh, ged a tha na càsa a thug cothrom labhrachas doibh air sioladh as: agus far am bu chòir dhoibh, gnothuichean a chur ri uchd dhaoine a b' fhiosrachaille, agus bu mhò do fharsuingeachd fiosrachaidh agus inntinn. Cha'n iongantach, uime sin, ged nach soirbhich iad, 's nach cinnich leotha, fo 'n ùghdarras air am bheil iad ag iarraidh greim a' ghabhail. Is ann ri sin, a dh' fheudadh sinn sùil a bhi againn, a' toirt fainear, ach beag, an t-iodhol-aoradh, a tha an Luchd-ùil ud a' faighinn o 'n òigridh 's a' mhinistireileachd. Agus, gu cinnteach, ged nach biodh grabadh 's am bith eile eadar sinn agus an t-Aonadh air am bheil daoine a' labhairt, a bhi air a nasgadh, ged bhiodh gach aon ni eile air a thoirt as an rathad, cha b' uileir, gu 'n ceadaichteadh do 'n òigridh cinntinn ni bu ghlice, agus ni b' fhiosraichte, mu 'n leagadh uallaichean ni bu truiume orra, na tha iad fathast ullamh a ghiùlan, a chum 's gu 'n faigheadh an t-Uile-chumachdach, agus nach b' e daoine,—a' ghloir.

* FATH-SGRIOBHADH.

BHA sinn gu mòr an geall air mineachadh a chur sìos an so mu 'n phuuing-theagaisg a tha fillte 's a' Cheud Cheann do iomradh Chomuinn an Aonaidh; mu dhaimh an Ughdarrais aimsireil ri Rioghachd Chrìosd air thalamh, agus mu fhirinn agus aobhar Chrìosd—agus mu na fiach-aibh fo am bheil Uachdaranachdaibh aimsireil, seirbhis a dheanamh do Chrìosd, a tha 'n a Uachdaran os an ceann-san, mar tha iadsan os ceann lochdaranuibh talmhaidh. Ma cheadaichear, cuirear so a mach leinn fathast, leis féin. Ach 's a' cheart àm, tha Comunn dìona na h-Eaglais Saoire, a' cur a mach aig an aon àm maille ri so, Leabhar a tha roshoilleir, air a tharruing leis an Urramach Mr MacColla, ministear na h-Eaglais Saoire, an Sgìre *Dhùirinis*, 's an Eilean Sgitheanach, anns am faigh sibh, mar thuir sinn, mineachadh ro-thaitneach, glan, soilleir, agus drùidhteach air an teagasg sin; agus cha chomasach dhuinn 's a' cheart àm, ach a mholadh gu dùrachdach do ar càirdibh an Leabhran ro-phriseil sin, a leughadh le ro-aire:—agus gu 'n deònaichead an Tighearna a bhi 'g a 'bheannachadh gu h-éifeachadh do na h-uile leis an leughar e; agus na tha mar an ceudna air a chur sìos 's na duilleag-aibh so.

M. MACKAY.

* Faic taobh Duilleig 10.

+

Faint, illegible text, possibly bleed-through from the reverse side of the page.

Second section of faint, illegible text, continuing from the top section.

Third section of faint, illegible text at the bottom of the page.



